"'S e na ràimh a tha iad a' cleachdadh an àit' an einnsean. Thalla agus dùisg an fheadhainn eile anns a' bhad agus can riutha na teantaichean a dhùnadh mus tèid duine a choimhead a bheil sinn nam broinn. Chan fhosgail iad iad air eagal 's gun dùisg iad sinn," arsa Donaidh gu cabhagach.

Nuair a ràinig iad beul na h-uaimhe cha robh bìog ri chluinntinn no solas ri fhaicinn. "Tha cho math dhuinn a dhol a-steach," arsa Donaidh 's e a' toirt a-mach na toirds. "Cluinnidh sinn iad a' tighinn co-dhiù. Tha Mac-Talla math anns an uaimh."

Bha an oidhche gu math dorcha a-nis agus cha robh gealach anns an adhar. Dh'fhalbh na daoine a-null an tràigh le dà thoirds.
"Leanaidh sinn iad ann am mionaid," arsa Donaidh gu h-ìosal. "Leig leotha faighinn pìos air thoiseach oirnn mus falbh

Cha do fhreagair a' chlann e.
Dè bha iad a' dol a dhèanamh a-nis?